

Duaisean Neach-ealain Lèirsinneach agus Neach-ciùird

Bursaraidhean 2023/24

.....
#VACMAScotland

Stiùireadh do luchd-tagraidh



ALBA | CHRUTHACHAIL



A' TOIRT SEACHAD MAOIN BHO
AWARDING FUNDS FROM

THE NATIONAL LOTTERY®

Clàr-innse

Cùl-fhiosrachadh	3
Maoineachadh ri fhaotainn	3
Cò a dh'fhaodas tagradh?	3
Eisimpleirean air rudan a fhuair maoineachadh	3
Às-dùnaidhean	4
Na tha sinn a' lorg (slatan-tomhais)	4
Gealltanais ri Cleachdadh	5
Leasachadh Cruthachail	5
Plana Pròiseict Soilleir	6
Buidseat	6
Co-ionannachdan, Iomadhachd agus Ion-ghabhalachd	7
Seasmhachd Àrainneachd	8
Didseatach	8
Mar a nithear tagradh	9
Am Pròiseas Iarrtais	9
Dè thachras mur a h-eil mi soirbheachail?	10
Cinn-làithean	10
Barrachd fiosrachaidh agus taic	11

Cùl-fhiosrachadh

Tha Alba Chruthachail ag obair ann an com-pàirteachas gus tabhartasan beaga a thabhann do luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird airson an leasachadh cruthachail aig gach ìre den dreuchd aca. Chaidh an sgrìobhainn stiùiridh seo a chruthachadh gus taic a thoirt do luchd-iarrtas agus bidh e a' còmhachadh a h-uile slat-tomhais agus pròiseas, ach feuch an cleachd sibh foirm-iarrtais a' chom-pàirtiche ionadail agaibh gus iarrtas a dhèanamh. Airson liosta slàn com-pàirtichean agus sgeamaichean, rachaibh gu: www.creativescotland.com/vacma

Tha na duaisean seo a' faighinn taic bho Alba Chruthachail tro maoineachadh bhon Chrannchur Nàiseanta ann an com-pàirteachais le sreath de com-pàirtichean ionadail thar Alba. Tha na sgeamaichean air an ruith gu h-ionadail leis na com-pàirtichean seo.

Maoineachadh ri fhaotainn

Tha an sgeama VACMA a' toirt seachad dà ìre de bhursaraidh. Bu chòir dhuibh cur a-steach airson na h-ìre as fhreagarraiche dhan t-suidheachadh agaibh.

- **Bursaraidhean de £750** (Airson luchd-iarrtas a tha air a bhith ag obair airson barrachd na 5 bliadhnaichean, as bith ma chaidh iad tro foghlam fhoirmeil no nach deach).
- **Bursaraidhean tràth-dreuchd de £500** (Airson luchd-iarrtas aig a bheil nas lugha na 5 bliadhna de dh'èolas taobh a-muigh foghlam/trèanadh, a cheumnaich ann an 2018 no nas fhaide air adhart, no nach do rinn sgrùdadh foirmeil air ealain ach a tha air a bhith ag obair mar neach-ealain fad suas ri 5 bliadhna).

Cò a dh'fhaodas tagradh?

Luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird as urrainn dealas a shealltainn ann a bhith a' leasachadh na cleachdadh cruthachail aca agus a tha a' fuireach, ag obair no a' cumail suas stiùidio taobh a-staigh sgìre an Ùghdarras Ionadail air a bheil iad a' dèanamh iarrtas. Cuiribh fios don chom-pàirtiche ionadail agaibh airson barrachd fiosrachaidh ma dh'fheumas sibh.

Eisimpleirean air rudan a fhuair maoineachadh

- A' dèanamh rannsachadh air cruinneachadh obrach ùr
- A' feuchainn stuthan ùra
- Leasachadh sgilean agus cùrsaichean
- Meantoradh ealanach
- Clasaichean maighstireachd
- Muinntireasan aig a bheil pròiseas taghaidh agus structar taic soilleir
- Taic a bharrachd airson obair ùr a dhèanamh airson taisbeanadh.
- Uidheam far a bheil feallsanachd shoilleir ann airson mar a leasaicheas e ur cleachdadh agus a chumas e taic ri deuchainneachd.

Às-dùnaidhean

Chan urrainn dhuinn iarrtasan a ghabhail bho:

- Oileanaich ann am foghlam làn-ùine - **faicibh Ceistean Cumanta VACMA airson barrachd fiosrachaidh a thaobh ion-roghnachd oileanaich**
- Pròiseactan / gnìomhachasan a tha air an tòiseachadh mar tha no a tha an dùil ri tòiseachadh ro cheann-latha coinneachaidh a' phanail - **leigibh 8 seachdainean ron cheann-latha**
- Pròiseactan a tha a' gabhail a-steach com-pàirticheas bho phrògraman VACMA no Alba Chruthachail eile - **na cuir iarrtas a-steach airson taic ach gu aon sgìre VACMA**
- Pròiseactan na coimhearsnachd agus/no foghlaim
- Obair leasachadh gnothachais
- Pròiseactan film a tha taobh a-muigh co-theacsa nan ealan lèirsinneach
- Luchd-dealbhadh no dealbhadairean grafaigeach a tha ag obair ann an co-theacsa malairteach a-mhàin - feumaidh tagraichean a bhith comasach air sealltainn gu bheil iad ag obair ann an co-theacsa ealain lèirsinneach no ciùird
- Tagraidhean a tha ag amas air margaidheachd agus làraichean-lìn a-mhàin
- Daoine a fhuair VACMA roimhe nach do chuir an aithisg deireadh a' phròiseict aca a-steach ro cheann-latha an iarrtais.

Na tha sinn a' lorg (slatan-tomhais)

Tha sinn airson cluinntinn mun obair, beachdan agus eòlas agaibh.

Bheir VACMA prìomhachas do dh'iarrtasan a sheallas gu soilleir:

- **Gealltanais ri cleachdadh** – tha stuthan an iarrtais agaibh a' sealltainn gealltanais leantainneach ri leasachadh cleachdadh na h-ealaine lèirsinneach no a' chiùird agaibh.
- **Leasachadh Cruthachail** – tha an iarrtas agaibh a' mìneachadh gu soilleir an cothrom airson leasachadh agus mar a chuidicheas am bursaraidh sibh gu sònraichte ann an rannsachadh agus leasachadh taobhan riatanach agus teicnigeach na h-obrach agaibh.
- **Plana pròiseict soilleir** – tha an stuth tagraidh agaibh a' sealltainn gu bheil planaichean soilleir agus iomchaidh an gnìomh gus an obair a thathar a' moladh a libhrigeadh.

Commitment to Practice

Beachdaichidh pannal taghaidh VACMA air an eòlas agaibh gu ruige seo tro mheasadh an tagraidh iomlan agaibh, a' toirt a-steach na freagairtean sgrìobhte agaibh, an CB agaibh agus eisimpleirean den obair a chaidh a thoirt seachad.

Tha an CB agaibh a' cuideachadh gus an eòlas agus gealltanais ri cleachdadh agaibh a shealltainn. Cuiribh na rudan as ùra aig a' mhullach agus thoiribh a-mach gnìomhachasan sam bith nach eil ceangailte ri ealain. Faodaidh an stiùireadh seo ur cuideachadh: **CB an Neach-ealain | Art Quest**

Bu chòir don stuth/iomhaighean taice agaibh a bhith air an taghadh gu faiceallach, ann am fòcas agus de chàileachd math gus an obair agaibh a thaisbeanadh san dòigh as fheàrr. Cuimhnich gun cuir sibh a-steach tiotalan, cinn-latha, stuthan, tomhasan agus, far a bheil sin iomchaidh, an t-àite anns a bheil an obair air a thaisbeanadh.

Dèanaibh cinnteach gu bheil an obair agaibh air a dheagh chlàradh. Tha am panail airson an obair agaibh fhaicinn fu soilleir. Tha iomhaighean matha agus soilleir a' sealltainn gu bheil sibh a' cur luach san obair agaibh agus gu bheil ìre de phroifeiseantachd agaibh. Ma tha sibh an dòchas ri obair a leasachadh ann am meadhan ùr, bu chòir dhuibh beachdachadh air mar a chuireas an roghainn de dh'iomhaighean agaibh taic ri sin. Is dòcha gum bi an stiùireadh seo mu bhith **a' togail dhealbhan den obair-ealain agaibh** feumail dhuibh.

Bidh luchd-iarrtais soirbheachail air ìre gealltanais a sealltainn airson na chleachdadh aca agus bidh iad air cruinneachadh obrach a choileanadh taobh a-muigh foghlam foirmeil. Ma tha sibh air a bhith ag obair airson ùine nas lugha na 5 bliadhnaichean 's dòcha gum bi sibh airson iarrtas a chur a-steach airson **bursaraidh tràth-dreuchd**.

Tha na bursaraidhean seo ag amas ri taic a thoirt do luchd-ealain aig gach ìre den dreuchd aca agus thoiribh fa near gu bheil e na prìomhachas airson a h-uile com-pàirtiche VACMA gus taic a thoirt do ghuthan ùra agus iomadach airson a' chleachdadh aca a stèidheachadh. Tha seo a' ciallachadh ma fhuair sibh maoinachadh bho sgeama VACMA roimhe, 's dòcha gum bi sinn a' cur prìomhachas air taic airson luchd-iarrtais ùr.

Leasachadh Cruthachail

Faighibh adhbhar soilleir airson iarrtas a chur a-steach. Mìnichibh an ìre aig a bheil sibh taobh a-staigh a' chleachdadh chruithachail agaibh agus mar a bheir bursaraidh aig an àm seo taic don leasachadh agus rannsachadh cruthachail agaibh, mar eisimpleir airson taic a thoirt do bheachdan ùra, rannsachadh, sgilean agus obair ùr. Faodar an aithris neach-ealain agaibh a thoirt a-steach cuideachd gus taic a thoirt don iarrtas agaibh.

Bidh teacsa air a sgrìobhadh gu soilleir gar cuideachadh gus an obair agaibh agus na tha sibh airson dèanamh a thuigsinn. Smaoinichibh air mar a tha a' ghnìomhachd ris a bheil sibh an dùil ceangailte ris an obair a rinn sibh roimhe, ris an ionnsachadh no amasan fad ùine agaibh oir bidh seo gar cuideachadh gus an iarrtas agaibh a thuigsinn ann an co-theacsa nas fharsainghe.

Plana Pròiseict Soilleir

Bidh sinn a' sireadh fianais gu bheil na planaichean libhrigidh agaibh ion-obrachail. Dèanaibh cinnteach gu bheil deagh thuigse agaibh mun ùine a bheir e an da-rìribh gus an obair a tha sibh an dùil a dhèanamh a libhrigeadh. Thoiribh an aire nach urrainn dhuinn gnìomhachd sam bith a mhaoineachadh a thachras ro cheann-latha co-dhùnadh an tagraidh agus mar sin feumaidh co-dhiù **8 seachdainean a bhith ann às dèidh a' chinn-latha** mus tòisich ur gnìomhachd.

Dh'iarraim oirbh smaoineachadh mu chunnart sam bith a tha co-cheangailte ris a' phròiseact agaibh agus gun innis sibh dhuinn mar a lughdaicheas sibh iad. Ma tha sibh air obair ullachaidh sam bith a dhèanamh, leithid cùrsaichean a chomharrachadh no fios a chur gu com-pàirtichean/co-oibrichean a dh'fhaodadh a bhith agaibh, tha e feumail fios a leigeil dhan phannal mu dheidhinn seo.

Airson taisbeanadh no muinntearas dhan d'fhuair sibh cuireadh, bu chòir dhuibh litir dearbhachaidh a ghabhail a-steach bhon àite no buidheann a mhinicheas na tha iad a' cur ris a' phròiseact.

Ma tha sibh am beachd an taisbeanadh agaibh fhèin a chur air dòigh, bhiodh dùil aig a' phannal fianais fhaicinn gun do bheachdaich sibh air làn fharsaingeachd na gnìomhachd agus gu bheil plana soilleir agus iomchaidh agaibh airson ruighinn air luchd-èisteachd, a' gabhail a-steach, far a bheil sin iomchaidh, a bhith a' cleachdadh ionadan ruigsinneach.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil a' gnìomhachd dha bheil sibh a' dèanamh tagradh ion-dhèanta taobh a-staigh ìre a' bhursaraidh a dh'iarra sibh san tagradh agaibh. Is dòcha gu bheil seo follaiseach ach bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil ceangal agus dàimh soilleir eadar an iarrtais sgrìobhte agaibh, cleachdadh a' bhuidseit / a' bhursaraidh agaibh agus na ìomhaighean agaibh.

Buidseit

A chionn 's gu bheil suim a' bhursaraidh stèidhichte, chan feum sinn briseadh sìos de na cosgaisean agaibh. Chan eil sinn ag iarraidh ach geàrr-chunntas de theachd a-steach iomlan a' phròiseict/na gnìomhachd agaibh, a' gabhail a-steach, far a bheil e buntainneach, maoin agus tabhartasan neo-ionmhasail a bharrachd. Chan e riatanas a' mhaoin a th' ann an teachd a-steach com-pàirtiche, ach ma 's e nach eil am bursaraidh VACMA ach a' còmhachd pàirt den phròiseact/ghnìomhachd agaibh bidh sinn ag iarraidh fios air mar a tha sibh gu bhith a' maoineachadh a' chòrr dheth.

Tha na duaisean seo a' faighinn maoineachadh bhon Chrannchur Nàiseanta tro Alba Chruthachail le sreath de com-pàirtichean ionadail thar Alba. Chan urrainnear VACMA a chleachdadh mar mhaoineachadh com-pàirteachais airson prògram maoineachaidh Alba Chruthachail (i.e. ma tha sibh a' cur a-steach don Mhaoin Fhosgailte agus VACMA airson an aon ghnìomh, bhiodh seo air a mheas mar 'mhaoinachadh dùbailte').

Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi na roinnean cultarail agus cruthachail nas riochdachaile air iomadachd na h-Alba san latha an-diugh. Mar sin, tha sinn ag iarraidh gum bi cothroman aig daoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta a bhith an lùib farsaingeachd de ghnothaichean ealain agus cruthachail agus cuideachadh - airson a h-uile duine a tha ga iarraidh - gum bi cothrom ann obrachadh ann an gnìomhachasan ealain agus cruthachail.

Tha gealltanasan co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhaltachd Alba Chruthachail mu chothromachd, agus mu chothrom a bhith aig a h-uile duine air cultar agus cruthachalachd. Tha iad cuideachd mu bhith a' cruthachadh nan suidheachaidhean a tha a dhìth gus an cuir na gnìomhachdan cruthachail ris a bheil sinn a' toirt taic fàilte air a h-uile beachd agus guth.

- 'S ann a tha Co-ionannachd mu chur às do bhacaidhean
- 'S ann a tha Iomadachd mu taic is follaiseachd a thoirt do chultaran eadar-dhealaichte, gus an cluinnear diofar ghuthan
- 'S ann mu dheidhinn cothroman a chruthachadh a tha Ion-ghabhaltachd, gus am bithear ag obair, a' gabhail pàirt ann agus a' faighinn eòlas air ealain agus cruthachalachd air feadh na dùthcha.

Chaidh am prògram VACMA a dhealbhadh gus cothroman a chruthachadh a bhios a' cuideachadh daoine gus adhartas a dhèanamh sa chleachdadh aca as bith dè na cnapan-starra a tha nan aghaidh. Tha sinn airson faighinn a-mach mar a thug prionnsabalan co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhail buaidh oirbh gu dìreach agus/no mar a tha sibh an dùil taic a thoirt do na prionnsabalan sin tron obair agaibh. Mar eisimpleir, mura h-urrainn dhuibh siubhal no pàirt a gabhail ann an gnìomhan sònraichte air sgàth trioblaid slàinte, ciorram, dleastanasan cùraim agus/no cruinn-eòlas faodaidh bursaraidh ur cuideachadh gus rannsachadh a dhèanamh agus cùrsaichean/taic fhaighinn air astar air-loidhne no tro dhòighean eile. Beachdaichidh sinn cuideachd air ceannach uidheam far nach eil an uidheam ri fhaighinn gu furasta no ruigsinneach.

Far a bheil trom co-ionann aig iarrtasan, gabhaidh cò-dhùnadh a' Phanail a-steach buaidh a' mhaoineachaidh ann an co-theacsa nam prionnsabalan EDI agus thèid taic a phrìomhachais do dh'iarrtasan mar sin.

Airson barrachd fiosrachaidh, faicibh:

[Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd | Alba Chruthachail.](#)

Seasmhachd Àrainneachd

Tha dealas aig Alba Chruthachail a bhith a' cleachdadh ar cuid obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil roinnean cultar agus cruthachail na h-Alba a' cur gu mòr ri bhith a' dèiligeadh ris an èiginn gnàth-shìde a tha a' toirt buaidh oirnn uile, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha am **Plana Èiginn Gnàth-shìde agus Seasmhachd** againn a' gabhail a-steach an dà chuid maothachadh (mar a lughdaicheas sinn ar n-eimiseanan) agus freagarrachadh (mar a dh'atharraicheas sinn a rèir buaidhean do-sheachanta atharrachadh na gnàth-shìde). Tha e a' cur an cèill chan ann a-mhàin mar as urrainn Alba Chruthachail dèiligeadh ris na dùbhlain seo, ach cuideachd mar a tha sinn a' mìneachadh dreuchd na buidhne againn ann a bhith a' toirt taic do na roinnean cultarach agus cruthachail gus na h-àrd-amasan aca a thaobh na gnàth-shìde a choileanadh. Ged nach eil sinn an dùil gum bi fòcas air an àrainneachd/seasmhachd aig a h-uile pròiseact, tha sinn ag iarraidh a h-uile neach-iarrtais beachdachadh air agus cur an cèill mar a tha iad a' freagairt air èiginn na gnàth-shìde agus air na buaidhean àrainneachdail a dh'fhaodadh a bhith aig an obair a tha iad a' moladh.

Airson barrachd fiosrachaidh, faicibh:

Seasmhachd Àrainneachd | Alba Chruthachail.

'S dòcha gum bi na goireasan a leanas cuideachail:

Goireas Àrainneachail an Luchd-ealain | Fife Contemporary
Goireasan airson Luchd-ealain | Carbon Chruthachail na h-Alba

Didseatach

Tha gluasad air a bhith ann an cleachdadh àrd-ùrlaran didseatach agus taisbeanaidhean agus tha fios againn gu bheil mòran luchd-ealain agus luchd-ciùird a' smaoinneachadh air dòighean ùra air an obair aca a thaisbeanadh. Tha fios againn cuideachd gu bheil cnapan-starra a bharrachd aig cuid de dhaoine a thaobh trioblaidean slàinte, ciorram, dleastanasan cùram agus/no cruinn-eòlas agus gun urrainn dòighean ceangail didseatach cuideachadh le bhith a' cur aghaidh air seo. Mar sin tha sinn taiceil do roghainnean eile air-loidhne a tha a' fosgladh chothroman do luchd-ealain agus luchd-ciùird gus an cleachdadh a leasachadh.

Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil às-dùnadh didseatach ann thar raointean den t-sluagh gu sònraichte dhaibhsan aig a bheil cnapan-starra eile mu thràth a thaobh com-pàirteachadh anns na h-ealain. Airson ur cuideachadh le bhith a' beachdachadh air na roinnean seo, agus far a bheil e iomchaidh, air sàbhailteachd airson daoine eile is dòcha gum bi na goireasan seo cuideachail:

Building an Online Audience | The Space

Designing for accessibility is not that hard | UX Collective

A' Cruthachadh Sàbhailteachd | Alba Chruthachail

Mar a nithear tagradh

Bu chòir do luchd-iarrtais am foirm-iarrtais a chleachdadh airson na sgìre ionadail aca. Feumaidh foirmean-iarrtais coileanta a bhith air an soidhnigeadh leis an neach-iarrtais, iarramaid oirbh gun cuir sibh a-steach ainm-sgrìobhte eileagtronaigeach no gun cuir sibh dreach sganaichte den duilleig le ainm-sgrìobhte. Dèanaibh cinnteach gu bheil an aon cruth ann nuair a tha sibh a' coileanadh an fhoirm agaibh.

Faodaidh foirmichean iarrtais a bhith air an taipheadh no làmh-sgrìobhadh.

Ma 's e gu bheil e air an làmh-sgrìobhadh, bu chòir gum bi e air a choileanadh gu soilleir ann an inc dubh.

Feuch an cuir sibh fios chun an sgeama VACMA ionadail agaibh oir chan urrainn do chuid de chom-pàirtichean tagraidhean fhaighinn tron phost. Mar thoradh air seo, is dòcha gum feumar tagraidhean làmh-sgrìobhte a sganadh agus a chur tron phost-d.

Feumaidh eisimpleirean de obair a rinneadh roimh a bhith air an cuir an cois an iarrtais. **Feuch an cuir sibh a-steach suas ri sia eisimpleirean de dh'obair a rinn sibh bho chionn ghoirid agus liostaichibh iad air an Fhoirm Tagraidh Obair-ealain.** Ged as urrainn dhuibh nas lugha a chur a-steach, bhrosnaicheamaid sibh gus na 6 eisimpleirean uile a chur a-steach oir tha seo a' cuideachadh a' phannail gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air ur n-obair. Bu choir dhuibh eisimpleirean den obair agaibh a thaghadh stèidhichte air dè cho iomchaidh 's a tha iad dhan iarrtas sgrìobhte agaibh. Mura h-eil sibh a' cur a-steach gu sònraichte airson Bursaraidh tràth-dhreuchd bu chòir dhaibh seo a bhith nan eisimpleirean de dh'obair taobh a-muigh foghlaim no trèanaidh.

Feuch an cuir sibh an t-iarrtas coileanta agaibh chun t-seòladh post-d a tha air a thoirt seachad air foirm-iarrtais an sgeama ionadail agaibh. 'S dòcha gum bi leth-bhreacan air an dèanamh de dh'eisimpleirean de dh'obair bho luchd-iarrtais soirbheachail agus air an cumail airson cleachdadh ann an aithisgean agus stuthan margaidheachd.

Am Pròiseas Iarrtais

Thèid a h-uile iarrtas air beulaibh coinneamh panail far an tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air cò gheibh taic. Tha am panail air a dhèanamh suas mar is trice de riochdairean bhon ùghdarras ionadail no buidheann com-pàirtichidh agus luchd-ealain proifeasanta. Cleachdaidh sinn panailean gus sealladh nas fharsainghe fhaighinn air cleachdadh làithreach agus faodaidh iad gabhail a-steach measgachadh de luchd-ealain, cruthaichearan, glèidheadairean, oidean no luchd proifeasanta nan ealan eile. Tha oifigearan Alba Chruthachail an sàs gu tric sna panailean gus àrd-shealladh nas fharsainghe a thoirt air leasachaidhean aig ìre nàiseanta. Bidh panailean ag atharrachadh gu tric gus dèanamh cinnteach gu bheil sreath de ghuthan agus eòlas ann.

Ro choinneamh a' phanail, leughaidh agus beachdaichidh am panail air an iarrtas sgrìobhte agaibh. Rè na coinneimh, thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air na stuthan lèirsinneach agus sgrìobhte agus thèid a dheasbad a thaobh nan slatan-tomhais. Tha na molaidhean airson duaisean stèidhichte air na deasbadaan seo. Cha chleachd am panail ach suthan an iarrtais gus a cho-dhùnadh a dhèanamh agus cha bheir buill ro-eòlas a th' aca oirbh no air an obair agaibh a-steach dhan phròiseas cho-dhùnaidh. 'S e co-dhùnadh stèidhichte air fianais a th' againn air seo agus tha e ag amas ri dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-iarrtais air an làimhseachadh gu cothromach. Na gabh ris gum bi eòlas aig pannal oirbh no gum faca iad an obair agaibh. >

Ri taobh an iarrtais agaibh, feumaidh sibh Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd a choileanadh. Bheir seo dhuinn fiosrachadh staitistigeil riatanach gus an tuig sinn cò gheibh maoinachadh agus beàrnan sam bith. Tha am Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd gun urra agus thèid a làimhseachadh air leth bhon iarrtas agaibh. Tha dàta air an riaghladh gu dìomhair; chan eil buaidh aca air an iarrtas agaibh agus thèid an làimhseachadh a rèir laghan Dion Dàta agus GDPR. Mur a h-eil fios agaibh air cuid den fhiosrachadh no nach eil sibh airson a thoirt seachad, faodaidh sibh am bocsa “B’ fheàrr leam gun a ràdh” a lìonadh.

Tha dleastanas aig gach sgeama airson an t-sanais prìobhaideachd aca fhèin a tha mar phàirt den stiùireadh seo agus a’ buntainn ris an fhiosrachadh a bheir sibh seachad san iarrtas agaibh agus mar a thèid a làimhseachadh. Bu chòir dhuibh an sanas seo a leughadh mus chuir sibh an t-iarrtas agaibh a-steach.

Gheibh luchd-iarrtais fios taobh a-staigh 8 seachdainean bhon ceann-latha air mar a chaidh leis an iarrtas aca. Bithear ann an conaltradh leibh ma tha atharrachadh sam bith dhan clàr-ama seo.

Dè thachras mur a h-eil mi soirbheachail?

Tha an t-airgead seo farpaiseach agus tha sin a’ ciallachadh nach tèid a h-uile tagradh a choinnicheas ris na slatan-tomhais a mhaoineachadh. Mura h-eil sibh soirbheachail, is dòcha gum bi sibh soirbheachail ann an cuairt eile agus mar sin na bi air ur cuir dheth bho bhith a’ cur a-steach a-rithist. Mura h-eil sibh soirbheachail, feuch an toir sibh ùine airson meòrachadh air an fhios air ais a thugadh seachad no iarr fios air ais ma tha sin ri fhaighinn. Mura tuig sibh am fios air ais no ma tha feum agaibh air barrachd soilleireachd faodaidh sibh fios a chuir no post-d chun neach aig a bheil am fiosrachadh conaltraidh air an litir agaibh. Mar eisimpleir, 's dòcha nach eil sibh dìreach air maoinachadh fhaighinn air sgàth droch dhealban no dìth soilleireachd. Chan fheum a bhith air a dhiùltadh a’ toirt iomradh air càileachd na h-obrach agaibh ach air neart a’ mholaidh agaibh an taca ri feadhainn eile air a bheilear a’ beachdachadh.

Tha eòlas againn air àireamh mhath de dhaoine a bhith air an diùltadh ann an aon chuairt agus an uair sin ag ath-thagradh gu soirbheachail le iarrtas nas làidire agus nas fòcas an dèidh beachdachadh air fios air ais bhon phannal.

Cinn-làithean

Ceann-là an Fhoghair: 5f, Dimàirt 24 Dàmhair 2023

Ceann-là a’ gheamhraidh: 5f, Dimàirt 6 Gearran 2024

Chan eil a h-uile com-pàirtiche VACMA a’ ruith an dà cheann-latha, cha bhi ach aon cheann-latha aig cuid sa bhliadhna. Feuch an cuir sibh fios chun sgeama ionadail agaibh gus faicinn dè an ceann-latha(an) a tha iad a’ ruith.

Barrachd fiosrachaidh agus taic:

Airson ceistean a thaobh an ion-roghnachd agaibh no taic leis a' phròiseas iarrtais, stiùireadh no foirm-iarrtais, cuir fios chun sgeama ionadail agaibh. Tha liosta slàn de chom-pàirtichean an sàs agus ceanglaichean ri sgeamaichean fa-leth air an lorg aig:

www.creativescotland.com/vacma

Ma tha ceistean coitcheann sam bith agaibh mu VACMA no na prògraman maoineachaidh eile againn, cuiribh fios gun Bhuidhinn Fiosrachaidh againn.

Faodar seo a dhèanamh le post-d, tron làrach-lìn no na meadhanan sòisealta againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: Lìonaibh foirm air [an làrach-lìn againn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@creativescots](#)

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air na seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL.

Rachaibh gu: www.contactscotland-bsl.org airson barrachd fiosrachaidh.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate
2-4 Waterloo Place
Edinburgh EH1 3EG
Scotland UK

The Lighthouse
Mitchell Lane
Glasgow G1 3NU
Scotland UK

www.creativescotland.com
enquiries@creativescotland.com

 Awarding funds from
THE NATIONAL LOTTERY®

Ùrachadh: An Lùnastal 2023